

Labhraidh Loingseach

Dealbh-chluich stèidhete air sgeulachd à Èirinn

Caractaran

Sgeulaiche

Labhraidh Loinsgeach

Fireannach #1

Banntrach

Mac na Banntraich

Post/teachdaire

Craiftine

Saighdearan

Clàrsach

Rìghrean

Banrighrean

Craobh

Na Saoir



Props

Cathair Borbair

Searbhadair

Siosar

Cìr

Sgàthan

Soidhne-rathaid

Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

SEALLADH 1 - dreach-stèidse airson a' chiad sheallaith (moladh)

Map de dh'Èirinn air a chòmhach le ceàrnagan dubh 's geal bòrd tàileisg 's cleasaiche a' riochdachadh nan saighdearan, ridirean, easbaig, dùin, rìghrean agus banrighean.

Sgeulaiche 1

(*a' seasamh aig taobh na stèidse*)

O chionn fhada an t-saoghail bha Èirinn air a roinn ann an diofar rioghachdan beaga. Bha rìgh no banrigh aig a h-uile rioghachd agus chuir iad seachad tòrr den ùine aca a' sabaid agus a' trod agus a' cur cogadh is cath ri chèile.

(*sgoilearan a' dèanamh gluasad mall mar RÌGHREAN agus BANRIGHEAN mar gu bheil iad a' sabaid an aghaidh a chèile*)

Sgeulaiche

'S e Labhraidh Loingseach an t-ainm a bh' air fear de na rìghrean seo.

(*Tha na RÌGHREAN agus BANRIGHEAN a' reothadh agus aon sgoilear a' gabhail ceum air adhart le gruag fhada air/oirre. Às dèidh greis siolaidhidh na sgoilearan eile air falbh far na stèidse.*)

Sgeulaiche

'S e duine làdir, fearail a bh' ann an Labhraidh, a bh' air cliù a chosnadha dha fhèin ann an arm na Frainge mus do thill e dhachaigh a riaghlaadh ann an Èirinn. Bha aon rud mu Labhraidh a bha car neònach ge-tà. Cha bhiodh e a' gearradh fhuilt ach aon turas gach bliadhna, air a' chiad latha dhen earrach.

(*borbair a' nochdadhbh le cathair 's ga stèidheachadh am meadhan an àrd-ùrlair 's LABHRAIDH ga shuidheachadh fhèin anns a' chathair*)

Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

Sgeulaiche

Rachadh fios a chur air fireannach air choreigin a thiginn a ghearradh falt an rìgh.

(*fireannach a' nochdadhbh le siosar, searbhadair agus sgàthan agus a' toirt a chreidsinn gu bheil e gearradhbh falt LABHRAIDH*)

Thigeadh an duine sin don dùn agus an uair sin chan fhaicte e a-chaoidh tuilleadh.

(*Tha am fireannach a' dol à sealladh air dòigh air choreigin. Tha BANNTRACH agus MAC NA BANNTRAICH a' nochdadhbh aig taobh eile na stèidse.*)

Sgeulaiche 2

Aon bhliadhna, chaidh fios a chur air mac banntaich a dhol a ghearradh falt an rìgh.

(*Chithear POST no TEACHDAIRE a' nochdadhbh le litir no roile.*)

Nuir a chuala a mhàthair an naidheachd seo, thuirt i gun rachadh i a dh'fhaicinn an rìgh. Seall, seo iad a' tighinn a-nise...

Banntrach

(*MAC NA BANNTRAICH agus A' BHANNTRACH a' coiseachd air an stèidse*)

Tha fhios gur ann a' marbhadh nam fear sin a bhios e. Cha leig mi leis sin a dhèanamh ortsa. Thèid mi a bhruidhinn ris an rìgh an-dràsta fhèin.

(*MAC NA BANNTRAICH a' dol far na stèidse, A' BHANNTRACH a' coiseachd far na steidse agus air ais a-rithist a dh'ionnsaigh LABHRAIDH air taobh eile na stèidse*)

SEALLADH 2 – SEÒMAR AN RÌGH

Banntrach

(*a' dol sìos air a glùinean air beulaibh an RÌGH*)

Chan eil agam san t-saoghal ach aona mhac beò. Ge b' e air bith

Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

a dh'iarras sibhse air a dhèanamh, nì e sin. Ach às a dhèidh sin, nach leig sibh leis tilleadh dhachaigh gu mhàthair bhochd na seann aois?

Sgeulaiche

Nise, bha a' bhanstrach ceart. Bhiodh Labhraidh a' marbhadh nam fear a ghearradh fhalt dha. Ach nuair a chunnaic e cho troimh-a-chèile agus a bha a' bhanstrach, 's ann a ghabh e truas rithe.

Labbraidh

Chan fheum thu dragh a ghabhail mu do mhac. Leigidh mi leis tilleadh dhachaigh thugad slàn fallain fhad 's nach inns e do dhuine beò mu na chì e anns an dùn.

Banntrach

Ò chan inns. Mo làmh-sa dhuibh.

Sgeulaiche

Agus sin mar a thachair. (*Tha A' BHANNTRACH a' falbh agus MAC NA BANNTRAICH a' nochdadh le èideadh borbair air 's gearraidh e falt AN RÌGH.*)

SEALLADH 3 - TAIGH NA BANNTRAICH

Sgeulaiche

Chaidh an gille don dùn agus gheàrr e falt an rìgh. Thill e dhachaigh an oidhche sin fhèin agus bha sunnd is aoibhneas ann an taigh na banntraich. Mar a chaidh na làithean is na seachdainean is na mìosan seachad, ge-tà, bha mac na banntraich a' sìor fhàs bochd. (*MAC NA BANNTRAICH ri fhaicinn na shìneadh air an lèr ann am pian*) Mu dheireadh, bha e cho bochd agus gur gann a dh'èireadh e às an leabaidh.

Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

Banntrach

Dè tha a' cur ort? Nach eil sìon ann a nì mi dhut?

(*Chan eil MAC NA BANNTRAICH ga freagairt ach a' tionndadh aodann air falbh bhon luchd-amhairc.*)

Tha A' BHANNTRACH na seasamh greis a' coimhead cùl a chinn agus an uair sin a' cur oirre a cleòca agus a' coiseachd gu aghaidh na stèidse.)

Banntrach

Saoil dè tha ceàrr air mo ghille? Bidh fios aig an draoidh dè tha ceàrr. 'S e duine glic a th' anns an draoidh. (*a' coiseachd far na stèidse taobh cli*)

(Tha an DRAOIDH a' nochdadhbh taobh clì na stèidse agus an ceann greis bheag nochdaidh A' BHANNTRACH air a chùl.)

Banntrach

Feasgar math, a Dhraoidh. Ciamar a tha thu?

Draoidh

Chan eil guth ri ràdh. Dè nì mi dhut?

Banntrach

Tha mo mhac air fàs cianail bochd bhon a thill e bhon obair aige a' gearradh falt an rìgh 's chan eil fhios agam dè nì mi mu dheidhinn.

Draoidh

Bhon a tha thu air innse dhomh, tha e coltach gu bheil uallach uabhasach air ri linn rùn ðiomhair an rìgh.

Banntrach

Sin a bha mi fhèin a' smaointinn, ach dè àm fuasgladh a th' ann dha ma-thà? Chan fhaod e guth a ràdh mun a sin. Sin a thuirt an rìgh; chan fhaod e innse do dhuine beò mar a thachair, no cuiridh an rìgh gu bàs e.

Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

Draoidh

Gu dearbha, sin a thuirt an rìgh. Thuirt e nach fhaodadh e innse do dhuine beò. Cha tuirt e nach fhaodadh e innse idir ge-tà. Thig mise còmhla riut a dh'fhaicinn do mhic agus innsidh mi dha dè nì e.

(Tha A' BHANNTRACH agus AN DRAOIDH a' falbh far na stèidse còmhla agus a' tilleadh gu taigh na banntraich far a bheil an solas a' laighe air MAC NA BANNTRAICH. Tha seo a' toirt air a' ghille èirigh. Tha iad a' cur uime a chuid aodaich agus ga thoirt a-mach às an taigh.)

DRAOIDH

Coisich thusa a-nis chun an àite far a bheil ceithir rathaidean a' tighinn ri chèile. Inns an rùn ðiomhair don chiad chraoibh air an laigh do shùil air do làimh dheis, agus bidh thu slàn a-rithist.

SEALLADH 4 – RATHAD

(Tha MAC NA BANNTRAICH a' gabhail ri comhairle an draoidh agus a' coiseachd timcheall an àrd-ìurlair mar gu bheil e a' leantainn rathad. An ceann greis tha cuideigin a' nochdadhbh le SOIDHNE RATHAID le dealbh de chrois-rathaid agus tha cuideigin ann an èideadh CRAOIBHE a' seasamh faisg air.)

Gille

Feumaidh gur e seo an t-àite. Tha ceithir rathaidean a' tighinn còmhla an seo – aon, dhà, trì, cèithir – agus air mo làimh dheis, ðìreach mar a thuirt an draoidh, craobh mhòr sheilich.

Draoidh

(a' coiseachd gu sàmhach 's gu slaodach air a chorra-biod air cùl na craoibhe gun fhios don ghille.)

Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

Gille

(*Chì sinn MAC NA BANNTRAICH a' cur a làmhan air rùsg na craoibhe agus ag innse an rùin dhìomhair dhi.*)

(*a' sanais*) Tha cluasan aiseil air an rìgh! Tha e a' cumail fhalt fada gus nach fhaic duine iad, agus bidh e a' marbhadh nan gillean a ghearras fhalt dha gus nach urrainn dhaibh innse do dhuine!

(*An ceann greis tha MAC NA BANNTRAICH a' faireachdainn nas fheàrr.*)

Dh'obraich e. 'S e an fhirinn a bh' aig an draoidh. Tha mi a' faireachdainn tòrr nas fheàrr a-nise. Tha an t-uallach a bh' orm air fagail agus chan eil mi a' faireachdainn pian idir a-nise. Feumaidh mi innse dha mo mhàthair gun deach mo leigheas.

(*Tha MAC NA BANNTRAICH a' gearradh shùrdag far na stèidse gu sunndach agus chì sinn AN DRAOIDH air cùl na craoibhe a' tighinn air adhart, riaraichte gun deach an gille a shlànanachadh agus a' gabhail iongnadh de na chuala e.*

Tha e fhèin 's A' CHRAOBH a' coiseachd far na stèidse.)

SEALLADH 5 – DÙN LABHRAIDH

Sgeulaiche 1

(*SGEULAICHE 1 agus SGEULAICHE 2 a' coiseachd air an àrd-ùrlar le CLÀRSAIR is clàrsach aige fo achlais.*)

Mun aon àm 's a bha mac na caillich air a shlànanachadh leis an draoidh, dh'fhàs clàrsair an rìgh tinn.

Tha clàrsair an rìgh a' coimhead air an sgeulaiche.

Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

Clàrsair Mise, chan eil mise a' faireachdainn tinn idir. Tha mi cho fallain ri breac.

Sgeulaiche A rèir na sgeulachd seo cha mhair sin fada. Eil thu cinnteach nach eil thu rud beag meadhanach a' faireachdainn?

Clàrsair. Ò fuirich a-nis, nach i a dh'fhàs fuar ... ò mo stamag. Cà'il an taigh-beag?

Sgeulaiche 2 Mar a thuirt e, dh'fhàs clàrsair an rìgh tinn. Bhon nach biodh e idir ceart dùn rìoghail a bhith às aonais ceòl, chuir iad fios air a' chlàrsair, Craiftine, a bha eòlach air an rìgh na òige anns an Fhraing.

(*Chì sinn SGEULAICHE 1 a' sgrìobhadh litir, ga ceangal ri cas calmain agus ga thilgeil far na stèidse.*)

Sgeulaiche Thàinig Craiftine air an ath bhàta às an Fhraing (*Sa bhad tha CRAIFTINE a' nochdadh.*)

Craiftine Bon jour, a chàirdean.

Labbraidh Bon jour agus failte dhan rìoghachd agam, Craiftine. Nach math gun tainig thu! Tha mi ann an droch staing; tha mo chlàrsair ann an droch staid 's mura h-eil mi air mo mhealladh tha e aig uchd bàis.

Clàrsair A bheil mi cho ìosal sin?

Labbraidh Tha.

Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

Clàrsair	Obh, obh! Cà'il an sagart? (<i>Tha e a' bàsachadh gu h-obann agus tha SGEULAICHE 2 ga shlaodadh far na stèidse.</i>)
Craiftine	Na gabh dragh; tha clàrsach agam an seo. Fuirich dà dhiog. Mo chreach, (a' slaodadh spealgan den chlàrsaich às a' bhaga) tha mi cianail duilich, ach feumaidh gun deach a milleadh air an t-slighe. Seall an staid sa bheil i.
Labhraidh Loingseach	Na gabh dragh mun chlàrsaich. Cuiridh sinn na saighdearan agam a dh'iarraidh fiodh a nì tè ùr dhut. (<i>Tha sgioba de SHAIGHDEARAN a' nochdadhbh.</i>)
Craiftine	(Gaeilge) Cothrom na feinne thugad, a chara. Bhi sin anna mhath.
Labhraidh Loingseach (Rìgh)	Tha deagh àite ann, far a bheil ceithir rathaidean a' tighinn ri chèile. Tha tòrr chraobhan-seilich air an làimh dheis an sin. Fiodh math làidir airson clàrsach.
Craiftine	Math dha-rìribh! (<i>Tha CRAIFTINE agus LABHRAIDH a' falbh agus SAIGHDEARAN a' nochdadhbh.</i>)

SEALLADH 6 - COILLE

Saighdearan	(<i>Tha na SAIGHDEARAN a' siubhal timcheall na stèidse. An ceann greis nochdaidh an SOIDHNE RATHAID agus A' CHRAOBH mhòr sheilich a-rithist.</i>
--------------------	---

Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

Tha na saighdearan a' leigeil orra gu bheil iad a' leagail na craoibh-sheilich agus a' tilleadh leatha chun an dùin.)

Sgeulaiche

Thòisich na saoir ag obair agus ann an ùine gun a bhith fada bha clàrsach àlainn ùr aig Craiftine.

(Fhad 's a tha an SGEULAICHE a' bruidhinn chì sinn maidhm de na SAOIR ag obair agus taisbeanadh den chlàrsaich ùir [am fear a bh' anns a' chraoibh ann an èideadh CLÀRSAICH]).

Craiftine

(A' cur nan teudan oirre) Math dha-rìribh! Bidh cothrom agam a cluich airson a' chiad uair a-nochd aig a' chuirn mhòir san dùn.

SEALLADH 7 - AIG A' CHUIRM

Sgeulaiche 2

An oidhche sin thàinig na rìghrean 's banrighean eile cruinn ann an dùn Labhraidh airson na cuirme. *(Chì sinn na RÌGHREAN 's BANRIGHREAN 's CRAIFTINE a' cruinneachadh còmhla)*

Sgeulaiche 1

Bha fion is leann ann, feòil is mìlsean. Às dèidh na dinnearach, thàinig an t-àm airson a' chiùil. Bha cliù mòr aig Craiftine mar chlàrsair agus, anns an talla, bha na h-uaislean is na h-islean le chèile nan tost a' feitheamh fhad 's a chuir e a' chlàrsach ùr air ghleus.

Sgeulaiche 2

Chuir Craiftine a chorragan ris na teudan agus dh'fhosgail e a bheul airson òran a ghabhail. *(CRAIFTINE ri fhaicinn a' déanamh seo)*

Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

Sgeulaiche 1

Ach bu bheag a leigeadh e leas.

Clàrsach

Dà chluais aiseil air Labhraidh Loinsgeach (*CRAIFTINE, LABHRAIDH agus a h-uile duine coimhead air A' CHLÀRSAICH*)

Dà chluais aiseil air Labhraidh an rìgh.

(*Tha CRAIFTINE air a chlisgeadh leis na thachair agus a' leum air-ais.*)

Sgeulaiche 2

Leum Craiftine air ais ach lean a' chlàrsach oirre; a' chlàrsach a rinn na saoir on dearbh chraoibh dhan do dh'inns mac na banntaich rùn diomhair an rìgh.

Clàrsach

Dà chluais aiseil air Labhraidh Loinsgeach, dà chluais aiseil air Labhraidh an rìgh.

Sgeulaiche 1

Thionndaidh a h-uile mac màthar san talla a choimhead air Labhraidh Loingseach. Bha cuid a' lachanaich agus cuid a' magadh, ach bu choma le Labhraidh iad.

(*Tha a h-uile duine air an àrd-ùrlar a' tionndadh agus a' coimhead air LABHRAIDH LOINSGEACH a tha na shuidhe sa chathair aige an teis-meadhan an làir.*

Tòisichidh cuid a' magadh, tòisichidh cuid a' gàireachdainn, tòisichidh cuid a' fàs mi-chofurtail no draghail a' coimhead, feadhainn eile a' toirt a chreidsinn gu bheil iad a' gabhail iongnadh, 's gann gun gabh a chreidsinn. Tha LABHRAIDH na sheasamh agus e leagte ris a' chàineadh 's a' mhagadh.)

Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>

Sgeulaiche 2

Bha Labhraidh Loingseach a' smaointinn gun robh fiù 's na craobhan ga pheanasachadh airson na chuir e gu bàs airson na cluasan neònach aige a chleith agus bha e a' gabhail uabhas agus aithreachas gun robh e air rud cho olc a dhèanamh.

Labhraidh Loingseach (*a' togail fhalt gus am faic a h-uile duine san talla a chluasan*)

Tha mi airidh air seo, seo mo pheanasa airson na chuir mi gu bàs agus carson? Airson mo chluasan a chumail falaichte! Ciamar a rinn mi rud cho uabhasach, cho olc? Bidh aithreachas orm gu bràth airson na rinn mi.

(*a' bruidhinn ri searbhant*) Thalla 's faigh siosar dhomh.

Sgeulaiche 1

(*Tòisichidh searbhant a' gearradh falt LABHRAIDH*)

Agus gheàrr e fhalt an oidhche sin fhèin gus nach dìochuimhnichheadh e fhèin no duine eile na rudan uabhasach a rinn e airson na cluasan aiseil a chleith.

Sgeulaiche 1

Agus cha do dhìochuimhnich.

A' CHRÌOCH



Mar a chuala mise e

<http://www.storlann.co.uk/goireasan/Mar-a-chuala-mise-e.html>